

An t-Iarla Diùrach

The Earl of Jura

Ma's ann 'gam mhealladh, a ghaoil, a bha thu,
If you were deceiving me, love
Ma's ann 'gam mhealladh as déidh do gheallaidh
If you were deceiving me after your promise
'Se luaidh do mholadh ni mi gu bràth,
I will still sing your praises for ever
Ma's ann 'gam mhealladh, a ghaoil, a bha thu.
If you were deceiving me, my love

Rìgh! gur mise tha gu tùrsach,
O Lord! I am the sorrowful one
Gaol an iarla 'ga mo chiurradh,
Love of the Earl hurting me;
Tha na deòir a' sior-ruith o 'm shùilean
The tears are ever running from my eyes,
'S mo chridhe brùite le guin do ghràidh.
And my heart is crushed with the pain of your love

Bha mi raoir leat 'na mo bhruadar
Last night I was with you in my dreams,
Thall an Diùra nam beann fuara,
Over in Jura of the cold bens;
Bha do phògan mar bhiolair uaine
Your kisses were like green watercress
Ach dh'fhalbh am bruadar is dh'fhan an cràdh.
But the dream fled and the pain remained

Thig, a ghaoil, agus dùin mo shùilean
Come, love, and close my eyes
'S a' chiste-chaoil far nach dean mi dùsgadh,
In the narrow coffin where I shall never awake;
Cuir a sios mi an duslach Diùrach,
Lay me down in Jura soil,
Oir 's ann 's an ùir a ni mise tàmh.
For it is only in the grave I will find rest.

Ma's – if; **'gam mhealladh** – deceiving me; **ghaoil** – love; **bha thu** – you were; **as déidh** – after; **do gheallaidh** – your promise; **luaidh** – mention; **mholadh** – praise; **ni** – will make; **gu bràth** – for ever;

Rìgh – King, Almighty; **mise** – me; **tùrsach** – sorrowful; **Gaol** – love; **iarla** – earl; **chiurradh** – hurt, injury; **deòir** – tears; **sior-ruith** – constantly running; **o** – from; **shùilean** – eyes; **chridhe** – heart; **brùite** – bruised, crushed; **guin** – pain;

Raoir – last night; **leat** – with you; **bhruadar** – dream; **Thall** – yonder; **Diùra** – Jura; **beann** – bens, mountains; **fuara** – cold; **phògan** – kisses; **mar** – like; **bhiolair** – watercress; **uaine** – green; **Ach** – but; **dh'fhalbh** – left; **dh'fhan** – remained; **cràdh** – pain, anguish;

Thig – come; **dùin** – close; **chiste** – chest, coffin; **chaoil** – narrow; **far** – where; **nach** – not; **dean** – make; **dùsgadh** – awakening; **Cuir** – put; **ann** – in; **ùir** – grave; **ni** – make, get; **mise** – me; **tàmh** – rest;